

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

F

Total

--

**1220/27/01**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2013

DIARDAOIN, 2 CÈITEAN  
9.00 AM – 9.40 AM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Bun Ìre  
Leughadh

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2013

THURSDAY, 2 MAY  
9.00 AM – 9.40 AM

GÀIDHLIG  
STANDARD GRADE  
FOUNDATION  
READING

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

Leugh gach pàirt den earrainn gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Comharraich bogsa  no sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmair na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.**



**EARRANN**

**Pàirt 1**

Bha Màiri agus a piuthar Anna a' dèanamh pròiseact anns an sgoil mu Mhalawi. Dh'ionnsaich iad mu chlann ann an aon choimhearsnachd an sin. Ged a bha iad bochd, bha iad a' dol don sgoil oir bha iad gu mòr airson rudan ionnsachadh. Bha fios aig am pàrantan gum biodh e na b' fhasa dhaibh obair mhath fhaighinn an uair sin seach a bhith ann am bochdainn fad am beatha. Ach cha robh mòran rudan aig an sgoil. Bha e doirbh dhaibh pàipear, leabhraichean agus peansailean a cheannach. Bhitheadh còrr 's seachdad sgoilear ann an aon chlas ach bha iad uile modhail agus dìcheallach. Bha fèill-reic gu bhith ann an ath Dhisathairne aig a' phàirc bhall-coise. Shaoil na nigheanan gum biodh e math rudan a reic an sin gus airgead a thogail airson na sgoile ann am Malawi.

**CEISTEAN**

1. (a) Dè an rud a bha Màiri agus Anna ris anns an sgoil?

\_\_\_\_\_ **1**

- (b) Carson a bha a' chlann ann am Malawi airson a dhol don sgoil?

Airson tìde a chur seachad	
Bha iad ag iarraidh ionnsachadh	
Airson peansailean fhaighinn	

**1**

- (c) Carson a bha pàrantan ann am Malawi ag iarraidh gum biodh a' chlann aca a' dol don sgoil?

Gus am faigheadh a' chlann deagh obair	
Gus am bitheadh iad air falbh bhuapa	
Gus am faigheadh iad biadh	

**1**

Comharraidhean

2. Dè na rudan a bha e doirbh don sgoil fhaighinn?

---



---

3

3. Cia mheud sgoilear a bhitheadh ann an aon chlas?

---

1

4. Càite an robh an fhèill-reic gu bhith?

---

1

5. Carson a bha na nigheanan airson fèill-reic a dhèanamh?

---



---

1

(9)

**[Tionndaidh an duilleag**

**Pàirt 2**

Chruinnich iad seann chlàran, leabhraichean, aodach, dèideagan agus treallaich eile às an taigh aca. Bha iad fortanach cuideachd rudan a bharrachd fhaighinn bho nàbaidhean agus fhuair iad bèicearachd cuideachd bho am màthair. Bha gu leòr dhaoine aig an fhèill-reic oir b' e latha blàth grianach a bh' ann agus reic iad tòrr rudan. An dèidh dhaibh a bhith ann airson dà uair a thìde dh'fhalbh Anna airson sùil a thoirt air na rudan eile a bha daoine a' reic. Chunnaic i gun robh tòrr stuth fhathast aig daoine eile ri reic agus mar sin bha i a' faireachdainn gu math toilichte gun robh i fhèin agus Màiri air dèanamh cho math. Fhad 's a thug i sùil timcheall nan stàlaichean thug i an aire do leabhraichean mu iasgach a bh' ann am bogsa. Bha fios aice gum biodh ùidh aig a h-athair annta oir bu toil leis a bhith a' leughadh agus a' cruinneachadh leabhraichean mu iasgach. 'S i a bha toilichte nuair a fhuair i iad uile airson còig notaichean. 'Abair bargan,' shaoil i.

**CEISTEAN**

1. Ainmich dà rud a bha iad a' dol a reic.

---



---

2

2. A bharrachd orra fhèin cò thug rudan eile dhaibh airson a reic?

---



---

2

3. Carson a bha tòrr dhaoine ann?

Bha ball-coise ann	
Bha deagh shìde ann	
Bha tòrr rudan ri cheannach	

1

4. Carson a shaoil Anna gun robh iad air dèanamh math?

---



---

2

*Comharraidhean*

5. Carson a bha fios aig Anna gum bitheadh a h-athair toilichte leis na leabhraichean mu iasgach?

---

---

2

6. Dè phàigh Anna air na leabhraichean?

---

1

**(10)**

**[Tha Pàirt 3 air duilleagan 6 agus 7**

**Pàirt 3**

Aig an taigh, bha an athair a’ feitheamh riutha. “Ciamar a fhuair sibh air adhart?”

“Glè mhath,” thuirt Anna “tha sinn air còrr ’s ochdad nota a thogail.” Chuimhnich i an uair sin air na leabhraichean a bha i air a cheannach agus thug i am bogsa anns an robh iad gu pròiseil do a h-athair. Chunnaic i gun robh coltas neònach air aodann nuair a thog e aon de na leabhraichean. Bha iongnadh air aodann Anna fhèin nuair a thuit £20 às an leabhar chun an làir. Feumaidh gun robh e a’ comharrachadh duilleag anns an leabhar. “Uill, uill,” thuirt a h-athair, “chan urrainn dhomh seo a chreidsinn. ’S ann leamsa a tha an leabhar seo. Thug mi an leabhar seo do chuideigin beagan bhliadhnaichean air ais ach dhìochuimhnich mi cò bh’ ann. Seall! Sin m’ ainm air aon duilleag.” Cha b’ urrainn do Anna a chreidsinn. Dè dhèanadh iad leis an airgead? Ged a chuir iad sanas ann am bùth a’ bhaile agus ged a dh’fhaighnich a h-athair den a h-uile duine a b’ urrainn dha smaoinichadh air, cha d’ fhuair iad a-mach cò leis a bha an t-airgead. Mar sin chuir iad e leis an airgead a rinn iad airson an sgoil ann am Malawi – dhèanadh iadsan deagh fheum dheth!

**CEISTEAN**

1. Dè na thog iad?

Còrr ’s £80	
Còrr ’s £90	
Còrr ’s £100	

1

2. Dè thug Anna do a h-athair?

---



---

2

3. Carson a bha iongnadh air aodann Anna?

---

1

*Comharraidhean*

4. (a) Dè bha air tachairt don leabhar?

---



---



---

**3**

(b) Ciamar a bha fios aig a h-athair gur ann leis a bha an leabhar?

---

**1**

5. Ciamar a dh'fheuch iad ris an duine a reic an leabhar ri Anna a lorg?

---



---

**2**

6. Dè rinn iad leis an airgead?

---

**1**

**(11)**

**[30]**

*[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]*

**[DUILLEAG FHALAMH]**



FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

F

Total  
Mark

--

**1220/27/02**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2013

DIARDAOIN, 2 CÈITEAN  
2.15 PM – 2.45 PM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Bun Ìre  
Èisteachd (Ceistean)

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2013

THURSDAY, 2 MAY  
2.15 PM – 2.45 PM

GÀIDHLIG  
STANDARD GRADE  
FOUNDATION  
LISTENING

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

Tha dà earrann anns an deuchainn.

**Sanas airson Earrainn A agus Earrainn B.**

Cluinnidh tu earrann.

Èist gu faiceallach.

Leugh na ceistean.

Cluinnidh tu an earrann a-rithist, ann an trì pàirtean, agus na ceistean airson gach pàirt.

Èist gu faiceallach a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharraich bogsa  no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.**



**CEISTEAN**

**Earrann A**

**Pàirt I**

1. Dè cho tric 's a tha am prògram spòrs air an rèidio?

gach latha	
gach seachdain	
gach mìos	

1

2. Cò às a tha Danaidh MacAsgaill?

---



---

2

3. Dè am beachd a bh' aig muinntir a' bhaile air Danaidh?

chuir e iongnadh orra	
cha robh ùidh aca ann	
cha robh fhios aca gun robh sgil aige	

1

4. Càit an robh e ag ionnsachadh tòrr de na cleasan aige?

---



---

2

*Comharraidhean*

**Pàirt II**

5. (a) Dè am beachd a bh' aig MacAsgaill air an sgoil?

\_\_\_\_\_

**1**

(b) Carson a bha e faireachdainn mar seo?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**2**

6. Dè b' fheàrr leis a bhith a' dèanamh?

\_\_\_\_\_

**1**

7. Carson a bhiodh e ann an dragh leis a' phoileas?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**2**

**[Tionndaidh an duilleag**

*Comharraidhean*

**Pàirt III**

8. Ciamar a tha muinntir an àite a' faireachdainn mu Dhanaidh a-nise?

\_\_\_\_\_

**1**

9. Cò thug taic do Dhanaidh a dhol an sàs ann an obair air a' bhaidhsagal?

a thidsearan	
muinntir a' bhaile	
a phàrantan	

**1**

10. Dè tha fìor mu Dhanaidh MacAsgaill an-diugh?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**2**

**(16)**

Comharraidhean

## Earrann B

### Pàirt I

1. Càit an d' fhuair Danaidh obair nuair a dh'fhàg e an sgoil?

bùth baidhsagail ann am Port Rìgh	
bùth baidhsagail ann an Dùn Deagh	
bùth baidhsagail ann an Dùn Èideann	

1

2. Dè bha anns am film a thug Danaidh gu aire dhaoine?

---



---

2

3. Càit am faca daoine am film?

---

1

4. Cia mheud duine a tha air am film fhaicinn a-nise?

---

1

**[Tionndaidh an duilleag**

*Comharraidhean*

**Pàirt II**

5. Ainmich dà àite far an d' fhuair Danaidh cothrom film a dhèanamh.

---

---

2

6. Carson a tha e air duaisean fhaighinn?

---

1

7. Carson a dh'fhàg e a' chiad obair a bh' aige?

---

---

2

Comharraidhean

**Pàirt III**

8. Dè nach eil cho math mu obair Dhanaidh?

Chan eil am pàigheadh ro mhath	
Tha e ga ghoirteachadh fhèin gu math tric	
Chan eil an obair a' còrdadh ris cho math a-nise	

**1**

9. Dè nach eil cho cudromach do Dhanaidh?

\_\_\_\_\_

**1**

10. Dè tha Danaidh cinnteach às?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

**2**

**(14)**

**[30]**

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**



# 1220/27/12

---

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2013

DIARDAOIN, 2 CÈITEAN  
2.15 PM – 2.45 PM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Bun Ìre  
Èisteachd (Earrann)

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2013

THURSDAY, 2 MAY  
2.15 PM – 2.45 PM

GÀIDHLIG  
STANDARD GRADE  
FOUNDATION  
LISTENING TRANSCRIPT

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



(The passage below should be read in approximately 2 minutes.)

## EARRANN A

Tha Calum Moireach a' bruidhinn air prògram spòrs air an rèidio.

### Pàirt I

Feasgar math. A h-uile seachdain air a' phrògram, tha sinn a' toirt sùil air beatha neach-spòrs. An-diugh, tha sinn a' coimhead air Danaidh MacAsgaill, fear-baidhsagail a tha air fàs ainmeil san spòrs. Rugadh agus thogadh e ann an Dùn Bheagan san Eilean Sgitheanach agus bhon a bha e na ghille òg rinn e cleasan air a bhaidhsagal a chuir iongnadh air muinntir a' bhaile. Thuirt Danaidh gun robh e taingeil gun deach a thogail ann an Dùn Bheagan oir bha a' phàirc-chàraichean mhòr aig a' Chaisteal gu math feumail dha nuair a bhiodh e ag ionnsachadh chleasan ùra!

### Pàirt II

Tha MacAsgaill fhèin ag ràdh nach robh an sgoil idir a' còrdadh ris. Bha e doirbh dha a bhith aig fois agus cha robh cus ùidh aige sna leasan. B' fheàrr leis a bhith a-muigh air a bhaidhsagal. Air falbh bhon sgoil, bha e tric ann an trioblaid leis a' phoileas oir bhiodh e a' dèanamh chleasan air a' bhaidhsagal ann am meadhan an rathaid!

### Pàirt III

Ach, ged a bhiodh cuid a' gearain mu dhol a-mach Dhanaidh, tha iad moiteil às a' ghille a tha air adhartas cho mòr a dhèanamh san spòrs. Le taic bho athair agus a mhàthair, fhuair e cothrom a dhol an sàs ann an rudeigin a thòisich mar chur-seachad. Cò aig a bha fios an uair sin gum biodh Danaidh MacAsgaill an-diugh ainmeil air feadh an t-saoghail?

\* \* \*

(After a gap of 2 minutes, read Parts I, II and III and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

### Pàirt I

Feasgar math. A h-uile seachdain air a' phrògram, tha sinn a' toirt sùil air beatha neach-spòrs. An-diugh, tha sinn a' coimhead air Danaidh MacAsgaill, fear-baidhsagail a tha air fàs ainmeil san spòrs. Rugadh agus thogadh e ann an Dùn Bheagan san Eilean Sgitheanach agus bhon a bha e na ghille òg rinn e cleasan air a bhaidhsagal a chuir iongnadh air muinntir a' bhaile. Thuirt Danaidh gun robh e taingeil gun deach a thogail ann an Dùn Bheagan oir bha a' phàirc-chàraichean mhòr aig a' Chaisteal gu math feumail dha nuair a bhiodh e ag ionnsachadh chleasan ùra!

*(10 seconds)*

## CEISTEAN

1. Dè cho tric 's a tha am prògram spòrs air an rèidio?

gach latha, *no*

gach seachdain, *no*

gach mìos

*(30 seconds)*

2. Cò às a tha Danaidh MacAsgaill?

*(30 seconds)*

3. Dè am beachd a bh' aig muinntir a' bhaile air Danaidh?

chuir e iongnadh orra, *no*

cha robh ùidh aca ann, *no*

cha robh fhios aca gun robh sgil aige

(30 seconds)

4. Càit an robh e ag ionnsachadh tòrr de na cleasan aige?

(30 seconds)

## **Pàirt II**

Tha MacAsgaill fhèin ag ràdh nach robh an sgoil idir a' còrdadh ris. Bha e doirbh dha a bhith aig fois agus cha robh cus ùidh aige sna leasan. B' fheàrr leis a bhith a-muigh air a bhaidhsagal. Air falbh bhon sgoil, bha e tric ann an trioblaid leis a' phoileas oir bhiodh e a' dèanamh chleasan air a' bhaidhsagal ann am meadhan an rathaid!

(10 seconds)

## **CEISTEAN**

5. (a) Dè am beachd a bh' aig MacAsgaill air an sgoil?

(30 seconds)

(b) Carson a bha e faireachdainn mar seo?

(30 seconds)

6. Dè b' fheàrr leis a bhith a' dèanamh?

(30 seconds)

7. Carson a bhiodh e ann an dragh leis a' phoileas?

(30 seconds)

**[Tionndaidh an duilleag**

### **Pàirt III**

Ach, ged a bhiodh cuid a' gearain mu dhol a-mach Dhanaidh, tha iad moiteil às a' ghille a tha air adhartas cho mòr a dhèanamh san spòrs. Le taic bho athair agus a mhàthair, fhuair e cothrom a dhol an sàs ann an rudeigin a thòisich mar chur-seachad. Cò aig a bha fios an uair sin gum biodh Danaidh MacAsgaill an-diugh ainmeil air feadh an t-saoghail?

*(10 seconds)*

### **CEISTEAN**

8. Ciamar a tha muinntir an àite a' faireachdainn mu Dhanaidh a-nise?

*(30 seconds)*

9. Cò thug taic do Dhanaidh a dhol an sàs ann an obair air a' bhaidhsagal?

a thidsearan, *no*

muinntir a' bhaile, *no*

a phàrantan

*(30 seconds)*

10. Dè tha fìor mu Dhanaidh MacAsgaill an-diugh?

*(30 seconds)*

(The passage below should be read in approximately 2 minutes.)

## EARRANN B

**Tha Calum Moireach fhathast a' bruidhinn.**

### **Pàirt I**

Nuair a dh'fhàg Danaidh an sgoil, dh'fhalbh e a Dhùn Èideann far an d' fhuair e obair ann am bùth baidhsagail. Thàinig e gu aire dhaoine nuair a chaidh film a dhèanamh dheth a' dol timcheall sràidean a' bhaile air a' bhaidhsagal. Chaidh am film a chur air an eadar-lìon agus chòrd e ri mòran dhaoine. Tha e coltach gu bheil fichead millean duine air coimhead air.

### **Pàirt II**

Ann an ùine ghoirid, bha daoine air a' fòn a' toirt cuireadh do Dhanaidh pàirt a ghabhail ann am filmichean sna Stàitean Aonaichte, ann an Iapan agus san Roinn Eòrpa. Tha e cuideachd air a bhith an sàs ann an sanasan airson diofar rudan agus tha e air duaisean fhaighinn airson cho tàlantach 's a tha e. Sguir e a bhith ag obair sa bhùth bhon a tha e an sàs làn-ùine san obair eile a-nise.

### **Pàirt III**

Tha Danaidh air iomadh cnàimh na chorp a bhriseadh agus bho chionn ghoirid, fhuair e opairèisean air a ghlùin. Ach cha chùm rudan beaga mar sin Danaidh air falbh bhon obair a tha a' còrdadh ris cho mòr. Tha cuid den bheachd gur e airgead an rud as cudromaiche do Dhanaidh an-diugh, ach chan eil seo fìor idir. Tha Danaidh fhèin cinnteach gum bi ùidh aige sa bhaidhsagal fhathast na sheann aois.

\* \* \*

**(After a gap of 2 minutes, read Parts I , II and III and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)**

### **Pàirt I**

Nuair a dh'fhàg Danaidh an sgoil, dh'fhalbh e a Dhùn Èideann far an d' fhuair e obair ann am bùth baidhsagail. Thàinig e gu aire dhaoine nuair a chaidh film a dhèanamh dheth a' dol timcheall sràidean a' bhaile air a' bhaidhsagal. Chaidh am film a chur air an eadar-lìon agus chòrd e ri mòran dhaoine. Tha e coltach gu bheil fichead millean duine air coimhead air.

*(10 seconds)*

## **CEISTEAN**

1. Càit an d' fhuair Danaidh obair nuair a dh'fhàg e an sgoil?

bùth baidhsagail ann am Port Rìgh, *no*

bùth baidhsagail ann an Dùn Deagh, *no*

bùth baidhsagail ann an Dùn Èideann

*(30 seconds)*

2. Dè bha anns am film a thug Danaidh gu aire dhaoine?

*(30 seconds)*

3. Càit am faca daoine am film?

*(30 seconds)*

4. Cia mheud duine a tha air am film fhaicinn a-nise?

*(30 seconds)*

**[Tionndaidh an duilleag**

## **Pàirt II**

Ann an ùine ghoirid, bha daoine air a' fòn a' toirt cuireadh do Dhanaidh pàirt a ghabhail ann am filmichean sna Stàitean Aonaichte, ann an Iapan agus san Roinn Eòrpa. Tha e cuideachd air a bhith an sàs ann an sanasan airson diofar rudan agus tha e air duaisean fhaighinn airson cho tàlantach 's a tha e. Sguir e a bhith ag obair sa bhùth bhon a tha e an sàs làn-ùine san obair eile a-nise.

*(10 seconds)*

### **CEISTEAN**

5. Ainmich dà àite far an d' fhuair Danaidh cothrom film a dhèanamh.

*(30 seconds)*

6. Carson a tha e air duaisean fhaighinn?

*(30 seconds)*

7. Carson a dh'fhàg e a' chiad obair a bh' aige?

*(30 seconds)*

## **Pàirt III**

Tha Danaidh air iomadh cnàimh a bhriseadh agus bho chionn ghoirid, fhuair e opairèisean air a ghlùin. Ach cha chùm rudan beaga mar sin Danaidh air falbh bhon obair a tha a' còrdadh ris cho mòr. Tha cuid den bheachd gur e airgead an rud as cudromaiche do Dhanaidh an-diugh, ach chan eil seo fìor idir. Tha Danaidh fhèin cinnteach gum bi ùidh aige sa bhaidhsagal fhathast na sheann aois.

*(10 seconds)*

### **CEISTEAN**

8. Dè nach eil cho math mu obair Dhanaidh?

Chan eil am pàigheadh ro mhath, *no*

Tha e ga ghoirteachadh fhèin gu math tric, *no*

Chan eil an obair a' còrdadh ris cho math a-nise

*(30 seconds)*

9. Dè nach eil cho cudromach do Dhanaidh?

*(30 seconds)*

10. Dè tha Danaidh cinnteach às?

*(30 seconds)*

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**